

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 13 CÈITEAN 2015

An làthair:	Colin Kennedy	Iar-Neach-gairm
	David Campbell	Coimiseanair
	IG Macdonald	Coimiseanair
	William Swann	Coimiseanair
	Murdo MacLennan	Coimiseanair
	Marina Dennis	Coimiseanair
	Arnie Pirie	Coimiseanair
	Kathleen Sinclair	Coimiseanair (bho 09:55m)
	Catriona Maclean	Àrd-Oifigear
	Trudi Sharp	Iar-Stiùiriche, Riaghaltas na h-Alba
	Donna Smith	Ceannard Siostaman Fiosrachaidh
	John Toal	Ceannard Poileasaidh
	David Findlay	Neach-lagha a' Choimisein
	Posy MacRae	Manaidsear Conaltraidh
	Morag Menzies	PA Don Neach-gairm, Geàrr-chunntas
	Alasdair MacLennan	BBC (bho 09:45m)

1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Fhuair eadh leisgeulan mar a leanas:

Joseph Kerr, Ceannard Riaghlaidh
Jane Thomas, Ceannard Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach
Neil Macdonald, Ceannard Ionmhais Eadar-amail

Ghabh an t-Iar-Neach-gairm Ceanadach a' chathair aig a' choinneamh agus chuir e fàilte air gach neach, gu h-àraid Trudi Sharp, Iar-Stiùiriche Àiteachais, Leasachaidh Dùthchail agus Ath-leasachaidh Fearainn.

Mhìnich Iar-Neach-gairm Ceanadach gun robh e a' sùileachadh ùidh nam meadhanan às dèidh liubhairt an Neach-gairm, Siùsaidh Walker, agus leugh e a-mach an aiythris a leanas:

'Is e àm doirbh a tha air a bhith ann don bhuidheann agus bhathar an dòchas gun deigheadh dèiligeadh leis a' chùis air an taobh a-staigh a-mhàin, ach chan ann mar sin a thachair.

Bu mhath leis a' Choimisean soirbheas a ghuidhe do Shiùsaidh agus thathar taingeil airson na rinn i fhad 's a bha i aig a' Choimisean, an dà chuid mar Choimiseanair agus mar Neach-gairm.

Mar a thuirt am Ministear an-dè, bidh sinn a' deasbad na cùise leis a' Mhinistear nuair a choinnicheas sinn rithe nas fhaide air adhart den mhios seo oir tha e suas ri Ministearan na h-Alba Neach-gairm ùr a thaghadh no co-dhùnadh air an obair sin a thiomnadh gun Choimisean.

Tha mi cinnteach gu bheil mi a' labhairt às leth gach neach an-diugh nuair a chanas mi gu bheil sinn uile co-ionann le uallach coitcheann. Ann an da-riribh, is e Coimiseanairean a th' annainn uile, ag obair còmhla airson feàrrad Coimisean na Croitearachd. Tha mise dìreach a' coileanadh mo dhleastanas mar Iar-Neach-gairm san eadraiginn.

A' gluasad air adhart mar Bhòrd, tha mi den bheachd gu bheil e deatamach gum bi sinn uile a' tarraing air an aon ràmh agus tha mi cinnteach gun dèan sinn sin gus na thòisich sinn adhartachadh, agus tha mi a' cinnteachadh dhuibh uile gun lean am Bòrd air adhart an sàs ann an cruthachadh ceannais agus a' gabhail cho-dhùnidhean a tha riatanach don Sgioba-gnìomha airson an dleastanas ann an riaghladh croitearachd a choileanadh.

Bu mhath leam cuideachd a dhèanamh cinnteach don Àrd-Oifigear againn agus do na croitearan uile gun lean gnothaichean mar a bha iad agus gun dèan am Bòrd ùine agus farsaingeachd dhi fhèin agus don Sgioba Stiùiridh airson seirbheis a liubhairt do gach neach san dòigh iomchaidh.

Mar sin, tòisichidh sinn air gnothach an latha, a' cur dlùth-aire air prìomh obair a' Choimisein agus an luchd-obrach, agus 's e sin cuimseachadh air riaghladh èifeachdach air croitearachd.'

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Cha robh foillseachadh com-pàirt sam bith ann.

3 AONTA DREACH GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH BÙIRD 25 MÀRT 2015

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 25 Màrt 2015 le ùmhlachd don atharrachadh a leanas:

Duilleag	Nì	Paragraf	Teacs Atharraichte / A Bharrachd
2	4	1	Atharraich 'Ronaldsay a Tuath' gu 'Ronaldsay a Deas'.

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH ÀS A' CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Chaidh sùil a thoirt air na Puingean Gnìomha bhon choinneamh mu dheireadh air 25 Màrt 2015:

- Duilleag 4, Nì 8, chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheil na foirmean tagraidh ùr air a dhol beò agus gu bheil iad rim faotainn air làrach-lìn a' Choimisein. Tha ùine de 28 làithean far am faod daoine a tha a' cleachdadh nam foirmean ùra beachdan no molaidhean a thaobh leasachaidh a dhèanamh gun Choimisean. Ma thig seann tionndaidhean de na foirmean a-steach don oifis, thèid an giullachd mar a sàbhaist. Bha an Coimisean toilichte leis an iomairt sanasachaidh a chaidh a chleachdadh ron fhoillseachadh air na foirmean ùra.
- Duilleag 5, Nì 10, Bha Coimiseanair MacIllinnein airson aithris gun cuala e gu bheil dithis dhaoine air a dhol air adhart fo sgeama Taighean Innse Gall gus dà thaigh croite trèigte a dhèanamh suas às ùr, agus 's e naidheachd fìor dheimhinneach a tha seo.
- Duilleag 5, Nì 10, paragraf a ceithir, dh'aontaich an t-Àrd-Oifigear cùis fearann croite nach fheum a dhi-chroiteadh nuair a thathar a' dèanamh suas taighean croite trèigte, a dheasbad le Stiubhart MacUilleam bho Thaighean Innse Gall.

5 PÀIPEAR AIR POST-D AIRSON BARANTACHADH

(a) Rèiteachaidhean den Luach as Fheàrr

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear nach d' fhuair na Coimiseanairean beachdan àicheil sam bith mun Phàipear air post-d. Chaidh aonta a chur ris a' Phàipear.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris a' Phàipear air post-d mu Rèiteachaidhean den Luach as Fheàrr.
-------------------	--

6 FIOSRACHADH ÀS ÙR AN DÈIDH COINNEAMH SGRÙDAIDH IS IONMHAIS

(a) Thug an Coimiseanair Swann seachad fiosrachadh às ùr a' leantainn air a' Choinneamh Sgrùdaidh is Ionmhais (AFC) a bh' ann air 29 Giblean 2015.

- A thaobh nam Puingean Gnìomha, tha an AFC air aontachadh ri leasachadh air a' Phoileasaidh An Aghaidh Foill a tha a' dol air adhart leis na h-In-Sgrùdairean.
- Rinneadh deasbad aig an AFC air Foillseachaidhean Com-pàirt agus Clàran Com-pàirt coitcheann agus mar a dhèiligear le strì eadar com-pàirt a thaobh obair riaghlaidh.
- Bha dragh ann nach robh na siostaman nan àite sa chiad àite aig a' Choimisean airson dèiligeadh leis na sùimean mòra airgid a bha an Coimisean a' faighinn às leth Clàran na h-Alba airson tagraidhean gus croitean a chlàradh, ach chaidh aontachadh gun robh an duilgheadas seo air fhuasgladh. Thathar an dòchas am pròiseas a ghrinneachadh agus a bhith comasach air gluasadan airgid eileagtronaigeach a ghabhail bho thagraichean san àm ri teachd.
- Tha Sgrùdadh Alba air comhairleachadh nach eil draghan sam bith aca mun Sgrùdadh Eadar-amail.
- Bidh na h-In-sgrùdairean a' coileanadh ath-sgrùdaidhean gach bliadhna air raointean sònraichte de dh'obair a' Choimisein agus airson 2016/2017 bhathar an dùil an toiseach gun coimheadadh iad ri Conaltradh Luchd-ùidhe. Tha an AFC air moladh gum bi ath-sgrùdadh dèante air Riaghladh agus Stiùireadh Cunnairt an àite sin, mar thoradh air gu bheil an Coimisean làithreach a' tighinn gu crìch, ann a bhith ag aiseag gu Coimisean ùr bhathar a' faireachdainn gur e seo a bu chudromaiche.
- A thaobh a' Chlàir Cunnairt, dh'aontaich an AFC gum feum an Coimisean obrachadh gu dlùth le Riaghaltas na h-Alba a thaobh ionadachaidh, gus feuchainn ri cunnart don bhuidheann a lùghdachadh.
- B' e raon eile air an deach togail mar chunnart, an fheum air coimhead ri cùisean a tha glèidhte airson a' Bhùird agus cùisean a tha iomchaidh dèiligeadh riutha le fo-chomataidhean. Tha an Stiùireadh Air-bòrd ga dhèanamh glè shoilleir gu bheil dleastanas aig fo-chomataidhean aithris gu h-iomlan don Bhòrd agus feumaidh seo a dhèanamh soilleir ann an Gnàth-riaghailtean a' Choimisein.
Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun robh Gnàth Riaghailtean rin deasbad aig Coinneamh a' Bhùird Stiùiridh an-diugh ach chaidh co-dhùnadh gun tèid an deasbad a-nis air 27 Cèitean aig latha trèanaidh nan Coimiseanair, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir Stiùireadh Air-bòrd. Thathar an dòchas an uair sin gun tig Pàipear gu Coinneamh a' Bhùird san Ògmhios.
- Bu mhath leis an AFC gu Coimiseanairean a bhrosnachadh coinneamhan an AFC a fhrithealadh mar luchd-amhairc far an gabh sin a dhèanamh, dìreach airson eòlas a thoirt dhaibh air an obair agus air an AFC.

- Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum bi Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan Bliadhnail a' Choimisein air an sìmplachadh am-bliadhna, a' leantainn air comhairle bho Sgrùdadh Alba.

Thàinig Coimiseanair Sinclair don t-seòmar aig 09:55m.

(b) **An Clàr Cunnairt**

Bha deasbad ann mu dheidhinn an fheum air a bhith a' planadh air adhart a thaobh soirbheachadh chun a' Bhùird agus cuideachd smaoinichadh mu dheidhinn soirbheachadh gu dreuchd an Àrd-Oifigeir, nan tigeadh feum air a' chothrom sin gu bith aig àm air bith. Bha dragh air Coimiseanairean mu na thachradh nam biodh an t-Àrd-Oifigear dheth tinn rè ùine.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun robh gach ball den Àrd-Sgioba Stiùiridh a' gabhail an turais fhèin air a bhith na h-àite nuair a bha i a-mach às an oifis, ach cha robh dreuchd lar-Àrd-oifigear fhoirmeil ann.

Chomhairlich Trudi Sharp, lar-Stiùiriche, gur e puing mhath a bha seo a thogail agus gun smaoinichadh i ma dheidhinn agus gun deigheadh a dheasbad gu mionaideach leis an Àrd-Oifigear. Chomhairlich i gun robh an Roinn Urrasachd a' dol a thoirt barrachd taic don Choimisean agus don Àrd-Oifigear.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear, a' leantainn air cluaineas tràth a' Cheannaird Ionmhais, Gordan Dòmhnallach, gun robh Sine NicThòmais, Ceannard Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach, air an dreuchd a ghabhail thairis bho Ghòrdan agus tha Niall Dòmhnallach ag obair do Shìne.

Bha deasbad ann mun duilgheadas nach robh croitearan a' cleachdadh an roinnean ionaltraidh agus na ghabhadh a dhèanamh airson feabhas a chur air an t-suidheachadh. Bhathar a' faireachdainn gum biodh mothachadh na b' fheàrr air cleachdadh roinnean ionaltraidh aon uair 's gum biodh am fiosrachadh bhon Chunntas air a sgrùdadh.

Dh' fhaodadh gum bi e comasach Pileat a chur air bhonn le lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean gu bhith ag obair gu h-ionadail le comataidhean ionaltraidh agus dh'aontaich an Coimisean nan gabhadh seo a dhèanamh, gum bu mhath leotha gluasad air adhart leis thar nam mìosean ri teachd. Thuirt an Coimiseanair Swann gun dèan e cinnteach gum fuirich a' chùis seo mu choinneamh HIE.

Tha HIE ann an deasbadaan a-cheana leis an Àrd-Oifigear a thaobh far am bu mhath leotha leasachadh ann an croitearachd fhaicinn, agus aon uair 's gu bheil am fiosrachadh bhon Chunntas aithnichte gum bi iad comasach gluasad air adhart leis an seo.

Dh'aontaich an Coimisean leigeil le HIE am Pileat seo a stiùireadh.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean leigeil le HIE stiùireadh a dhèanamh air Pileat a dh'fheuchainn ri barrachd croitearan a bhrosnachadh gu an roinnean ionaltraidh a chleachdadh.
-------------------	---

Bu mhath leis a' Choimisean ball den luchd-obrach fhasadh mar phuing fiosrachaidh airson ceanglaichean a chumail le HIE agus dh'aontaich an t-Àrd-Oifigear neach a chur an dreuchd agus aithris don Bhòrd cò e no i.

Thug an t-lar-Neach-gairm taing do Choimiseanair Swann agus an AFC airson an cuid obrach air a' Chomataidh.

7 ÙR-FHIOSRACHADH BUIDHEANN OBRACH GEÀRR-AMA

Buidheann Obrach Dhleastanasan – Chomhairlich an Coimiseanair Caimbeul gun do choinnich a' bhuidheann air 23 Giblean 2015 far an robh deasbad farsaing. Dh'aontaich a' bhuidheann gun robh feum air conaltradh le croitearan a bhathar air comhairleachadh don Choimisean gu bheil iad ann am briseadh an dleastanasan, agus sgrìobhadh gu croitearan nach eil air an Cunntas a thilleadh, an comhairleachadh gu bheil iad ann am briseadh an dleastanasan agus gun cuirear iad air an liosta airson an sgrùdadh. Cha toirear fiosrachadh mionaideach sam bith mu raon-ama an sgrùdadh sin.

Tha feum aig a' Choimisean air cò a tha iad a' dol a sgrùdadh a phrìomhachadh agus thig Pàipear gu Coinneamh a' Bhùird san Ògmhios le mion-fhiosrachadh mu bheachdan na buidhne air an seo.

Stiùireadh Chlàran STWG – Chomhairlich an Coimiseanair MacIllinnein nach robh e air coinneamh Stiùireadh Chlàran STWG a fhrithealadh o chionn ghoirid ach thèid a dheasbad nas fhaide air adhart sa chlàr-obrach.

Riaghailtean Ionaltraidh STWG – Chomhairlich an Coimiseanair Dennis gun robh i air coinneamh Riaghailtean Ionaltraidh STWG a fhrithealadh ach thèid a dheasbad nas fhaide air adhart sa chlàr-obrach.

8 FIOSRACHADH ÀS ÙR AN DÈIDH COINNEAMH GHEARANAN COMATAIDH

Dh'fhoillsich Iain Toal, Ceannard Poileasaidh, com-pàirt ann an nithean 5.4 agus 7.1.

Chomhairlich Coimiseanair Ceanadach, an t-Iar-Neach-gairm, nach robh e den bheachd gun robh feum aig neach sam bith com-pàirt fhoillseachadh anns an nì seo a thaobh 's nach robh co-dhùnaidhean gan dèanamh. Bha an gearr-chunntas dìreach airson fiosrachadh ach nam biodh deasbad nas mionaidiche a' dol a ghabhail àite, bu chòir com-pàirt fhoillseachadh aig an ìre sin.

Thug an Coimiseanair Dòmhnallach seachad fiosrachadh às ùr mu Choinneamh na Comataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean a ghabh àite air 23 Giblean 2015 airson an ràithe eadar 1 Faoilleach 2015 agus 31 Màrt 2015 a dheasbad.

Chomhairlich e gun robh na gearanan aig Ìre 2 uile air an sgrùdadh agus air am fuasgladh, agus nach robh gearanan sam bith aig Ìre 2 gu làithreach.

Tha stiùireadh SPSO ag aithris gum feum figearan ghearanan a bhith air am foillseachadh air làrach-lìn a' Choimisein an taobh a-staigh 28 làithean bho dheireadh an ràithe agus tha seo dèante a-cheana. Bu chòir don Bhòrd a thoirt fa-near cuideachd gu bheil figearan ghearanan deireadh-bliadhna 2014/2015 air am foillseachadh air làrach-lìn a' Choimisein, a rèir stiùireadh SPSO agus bidh iad air an gabhail a-steach cuideachd ann an Aithisg Bhliadhnail a' Choimisein.

Thathar a' cur an cuimhne luchd-obrach gu cunbhalach mu dheidhinn logadh Prìomh Ghearanan Staff agus tha trèanadh ga sholarachadh do luchd-obrach ùr.

Bheirear Plana Sgrùdadh do gach Oifigear Sgrùdadh anns am bi gearr-iomradh de na gearanan a fhuair, na co-dhùnaidhean a rinneadh agus na builean ionnsachaidh a chaidh a chomharrachadh, agus le bhith a' dèanamh seo thathar an dòchas gun dèilig na h-Oifigearan Sgrùdadh uile le gearanan san dòigh cheudna.

Tha aig a' Choimisean ris na gearanan, na builean, na gluasadan, na gnìomhan a ghabhadh os làimh fhoillseachadh air bunait ràitheil, agus sgrùdaidhean cùise is eisimpleirean a chleachdadh gus a thaisbeanadh mar a tha gearanan air cuideachadh leis an t-seirbheis a tha an Coimisean a' solarachadh, a leasachadh.

A thaobh leasan a chaidh ionnsachadh, tha aig a' Choimisean ri dhèanamh cinnteach gu bheil aiseag structaraichte ann nuair a dh'fhàgas luchd-obrach an dreuchd an taobh a-staigh a' Choimisein agus luchd-obrach ùr ga ghabhail thairis. Feumaidh an Coimisean a dhèanamh cinnteach gum bi co-òrdanachadh nas fheàrr ann an conaltradh le treas phàrtaidhean m.e. SGRPID, Measadairean, Clàran na h-Alba is eile, agus feuchainn ri dàil sam bith a rèiteachadh aig a bheil buaidh air tagraidhean a thathar a' giullachd.

Tha foirmean tagraidh air an atharrachadh gus luchd-ceannach a chomhairleachadh gum faod dàil a bhith air tagraidhean leis a bheilear a' dèiligeadh, a thaobh feum a bhith aig an tagraiche air a' chroit aca a chlàradh an toiseach. Thathar an dòchas gun lùghdaich seo an àireamh de ghearanan.

Thèid Pàipear ullachadh don Bhòrd air mar a tha an Coimisean a' làimhseachadh chasaidean a thaobh mì-làimhseachadh air maoinean no casaidean foill le comataidh ionaltraidh.

Bha an Coimiseanair Dòmhnallach, mar Chathraiche air a' Chomataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean, a' faireachdainn gum biodh triùir Choimiseanairean air a' Chomataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean nas freagarraiche an àite dithis, agus dh'aontaich an Coimisean ri seo. Chuir an Coimiseanair Caimbeul e fhèin air adhart mar an tritheamh Coimiseanair còmhla ri Coimiseanair Dòmhnallach agus Iar-Neach-gairm Ceanadach. Bu chòir do dhleastanas a' Chomataidh a bhith air atharrachadh gus an t-atharrachadh seo a nochdadh.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir triùir Choimiseanairean a bhith air a' Chomataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean an àite a dhà, agus chuir an Coimiseanair Caimbeul e fhèin air adhart gun Chomataidh. Bu chòir do dhleastanas na Comataidh a bhith air atharrachadh gus an t-atharrachadh seo a nochdadh.
-------------------	--

Bha Iar-Neach-gairm Ceanadach airson taing a thoirt don Neach-gairm a bh' ann, Siùsaidh Walker, agus Iain Bryce airson an in-chur luachmhor don Chomataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean.

9 PLANA POILEASaidh

Thaisbean Daibhidh Findlay, Neach-lagha a' Choimisein, am Pàipear seo agus chomhairlich e gun robh an t-Àrd-Oifigear air iarraidh don Phlana Poileasaidh a bhith air ùrachadh gus am bi e a' cuimseachadh nas motha air na tha aig a' Choimisean ri dhèanamh seach nas urrainn don Choimisean a dhèanamh.

Far an robh raointean nach robh soilleir no do-thuigseach, tha an cànan air a shimpleachadh agus ceangailte nas dlùithe don reachdas. Tha na raointean sin air an comharrachadh le atharrachaidhean tracte.

Far a bheil pàirtean a tha a' dol an aghaidh a chèile, tha Mgr Findlay a' faireachdainn gum bu chòir dhaibh an atharrachadh. Aon uair 's gu bheil am Plana Poileasaidh air a thoirt às a chèile. Bu chòir beachdachadh gu cùramach air leasachadh air poileasaidhean ùra. Tha an Achd a' solarachadh a' Choimisein le mòran roghainn agus bhiodh e feumail nam biodh am Plana Poileasaidh a' mineachadh mar a chleachdas an Coimisean an roghainn seo agus aithris gu soilleir dè na dleastanasan Gnìomha a th' aige.

Chaidh Pàirt 74 agus paragrafan 95 agus 96 atharrachadh a' leantainn air co-dhùnadh Bhaile Chaolais a Tuath.

An dèidh deasbad, dh'aontaich am Bòrd gun robh e deatamach gum biodh am Plana Poileasaidh co-shinte ri reachdas. Leanaidh Mgr Findlay air adhart ag obair air a' Phlana Poileasaidh agus solaraidh e dreachd obrach do Choimiseanairean cho luath 's a ghabhas. Ma tha teagamh sam bith air Coimiseanairean san eadar-ama, bu chòir dhaibh cuimseachadh air reachdas agus labhairt ri Neach-lagha a' Choimisein ma dh'fheumar.

Thàinig Linda Gourlay, am Manaidsear Riaghlaidh Croitearachd, a-steach don t-seòmar aig 10:50m.

Dh'iarr an Coimisean 'Aithisg air Staid Croitearachd' a bhith air a chur ri Leabhar-chlàr a' Phlana Poileasaidh. Bidh an liost de luchd-freagairt don Phlana Poileasaidh ann an 2012 air a thoirt air falbh.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir am Plana Poileasaidh a bhith air ùrachadh mar a mhìnich Neach-lagha a' Choimisein agus gum bu chòir dreachd obrach a thoirt do Choimiseanairean cho luath 's a ghabhas. Bu chòir 'Aithisg air Staid Croitearachd' a chur ris an Leabhar-chlàr agus an liosta de luchd-freagairt don Phlana Poileasaidh ann an 2012 a bhith air a thoirt air falbh.
-------------------	---

10 RIAGHAILTEAN IONALTRaidH

Thaisbean Linda Gourlay, am Manaidsear Riaghlaidh Croitearachd, am Pàipear anns a bheil ath-obair air na Riaghailtean Ionaltraidh a chaidh a choileanadh le Riaghailtean Ionaltraidh STWG. Tha e a' gabhail cunntas air fios-air-ais a fhuair e bho luchd-freagairt a' leantainn air a' cho-chomhairle le prìomh luchd-ùidhe.

Tha na riaghailtean air an lùghdachadh agus tha an stiùireadh air a mheudachadh.

Bha dragh a' nochdadh mu dheidhinn gu bheil aig comataidhean ionaltraidh ri sgrìobhadh gu luchd-earrannan uile gach uair a bhios iad airson coinneamh a chumail agus chaidh aontachadh gun coimhead Neach-lagha a' Choimisein ris a' phuing seo.

An dèidh deasbad, dh'aontaich an Coimisean gun robh an dreach Riaghailtean Ionaltraidh fhathast ro thoinnte agus gum bu chòir Neach-lagha a' Choimisein an ath-sgrùdadh agus an grinneachadh gus an cumail cho simplidh 's a ghabhas, a' gabhail cunntas air an reachdas agus nas urrainn don Coimisean a sparradh.

Bu mhath leis a' Choimisean 'uidheam stèidhichte' a shoilleireachadh. Bu mhath leotha cuideachd litir taing a chur gu Joyce Wilkinson, Measadair, airson an obair a tha i air a chur do Riaghailtean Ionaltraidh STWG.

Tòisichidh Mgr Findlay ag obair air na Riaghailtean Ionlaidh sa bhàd agus comhairlichidh e Coimiseanairean nuair a tha iad coltach a thighinn air ais chun a' Bhùird airson aonta. Cuiridh e lethbhreac dheasaichte air post-d gu Coimiseanairean nuair a tha iad deiseil.

Co-dhùnadh	<p>Dh'aontaich an Coimisean gun robh an dreach Riaghailtean Ionlaidh fhathast ro thoinnte agus gum bu chòir do Neach-lagha a' Choimisein an ath-sgrùdadh agus an grinneachadh gus an cumail cho sìmplidh 's a ghabhas, a' gabhail cunntas air an reachdas agus nas urrainn don Choimisean a sparradh.</p> <p>Coimheadaidh Neach-lagha a' Choimisein ris a' ghnòthaich a thaobh gu bheil aig comataidhean ionlaidh ri sgrìobhadh gu luchd-earrannan uile gach uair a tha iad airson coinneamh a chumail.</p> <p>Tha 'Uidheam stèidhichte' ri shoilleireachadh.</p> <p>Tha litir taing ri dhol gu Joyce Wilkinson, Measadair, airson a cuid obrach an lùib Riaghailtean Ionlaidh STWG.</p> <p>Bheir Neach-lagha a' Choimisein comhairle do na Coimiseanairean nuair a tha na Riaghailtean Ionlaidh ath-sgrùdaichte coltach a thighinn air ais chun a' Bhùird airson aonta, agus cuiridh e lethbhreac deasaichte air post-d gu Coimiseanairean nuair a bhios e deiseil.</p>
-------------------	---

11 AITHISG AIR TILLIDHEAN CUNNTAIS

Thug Ceannard IS seachad fiosrachadh às ùr air tillidhean a' Chunntais.

A-mach à 17,000 foirm Cunntais a chaidh a sgaoileadh, thàinig beagan a bharrachd air 14,000 air ais, co-ionann ri 84%.

Bha na tillidhean sa cheud do gach sgìre croitearachd mar a leanas:

Earra-Ghàidheal is Bòid	78%
A' Ghàidhealtachd	84%
Na h-Eileanan Siar	85%
Arcaibh	78%
Sealtainn	87%

Bha an Coimisean den bheachd gur e reat tillidh anabarrach math a bha seo, agus bu mhath leotha am fiosrachadh seo a sgaoileadh don phoball tro na meadhanan.

Bha deasbad ann mu dheidhinn am feumadh an Cunntas a bhith air a sgaoileadh gach bliadhna agus chaidh a dhaingneachadh gun robh e cudromach gun innsear do chroitearan dè thathar a' dol a dhèanamh leis an fhiosrachadh a thug iad seachad sa Chunntas.

Chomhairlich Trudi Sharp, Iar-Stùiriche, gun robh co-fhaireachdainn aice ach gun robh an Coimisean ceangailte ri cuibhreachaidhean reachdais a tha ag ràdh gum feum an Cunntas a sgaoileadh gach bliadhna. Bu chòir don Choimisean coimhead ri dè ghabhas a dhèanamh gu practaigeach. Thèid seo a dheasbad aig coinneamh na Roinne Urrasachd.

Co-dhùnadh	Bu mhath leis a' Choimisean am fiosrachadh a thaobh tillidhean sàr-mhath a' Chunntais a sgaoileadh don phoball tro na meadhanan, còmhla ri fiosrachadh do chroitèaran mu dheidhinn na tha an Coimisean a' dol a dhèanamh leis an fhiosrachadh a thug na croitèaran seachad sa Chunntas.
-------------------	--

12 ÙR-FHIOSRACHADH AIR A' PHLANA CHORPORRA

Chuir Ceannard IS am Pàipear air adhart anns a bheil ciad dreach de Phrìomhachasan Corporra 2015/2016 airson beachdachadh. Tha e a' gabhail cunntas air suidheachadh làithreach a' Choimisein a thaobh diofar phìosan obrach a chaidh a thòiseachadh ann an 2014/2015 agus airson a' chiad uair a' cur an aithne prìomh cheumannan buil a bheir seachad comharran air a bheil an Coimisean ag obair a dh'ionnsaigh a phrìomhachasan de Riaghladh, Fianais agus Dleastanasan, a choileanadh.

Bha deasbad ann agus thugadh pàipearan fiosrachaidh do Choimiseanairean a bha a' taisbeanadh chlàran le bun-loidhnichean is targaidean, agus sampall aithisg a thaisbeanas mìneachadh air gach ceum agus na tha air tachairt on aithisg mu dheireadh. Thèid coimhead ris na h-aithisgean sin leis an Àrd-Sgioba Stiùiridh air bunait ràitheil agus thigear an uair sin chun a' Bhùird airson fiosrachadh na dhèidh sin.

Shaoil an Coimisean mòran de na h-aithisgean ùra agus thathar a' coimhead air adhart ri bhith ga faighinn san àm ri teachd.

13 PLANA GÀIDHLIG

Chuir Posy NicRath, Manaidsear Conaltraidh, am Pàipear seo sìos anns a bheil am Plana Gàidhlig ùraichte airson 2015-2020.

Tha am Plana Gàidhlig làithreach a' ruith a-mach san Ògmhios 2015 agus tha na targaiden air an ùrachadh gus a bhith nas motha a rèir a' Phlana Chorporra agus an Ro-innleachd Conaltraidh.

Gus a bhith comasach air cuid de na targaiden a choileanadh, tha tagradh air a dhol a-steach gu Bòrd na Gàidhlig airson Maoin Buileachaidh na Gàidhlig gus cuideachadh le stuthan conaltraidhto m.e. bileagan Gàidhlig, bhidiothan is eile.

Tha tagradh maoinachaidh dèante gus cuideachadh le trèanadh Gàidhlig luchd-obrach ann an co-bhonn ri SNH.

Bha an Coimiseanair MacIllinnein ag iarraidh atharrachaidhean sa Phlana. Air duilleag 130, bu chòir dha a ràdh 'Leasaich Coimisean nan Croitèaran Poileasaidh Gàidhlig a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd ann an **2009**' an àite '2002'.

Dh'iarr an Coimiseanair MacIllinnein air a' Choimisean feuchainn ri luchd-labhairt Gàidhlig a thrusadh far an gabhadh sin a dhèanamh idir. Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheil an Coimisean cuingealaichte le riaghailtean trusaidh Riaghaltas na h-Alba ach gum beachdaicheadh i air roghainnean sam bith a bha rim faotainn.

Dh'aontaich an Coimisean Plana Gàidhlig 2015-2020.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean am Plana Gàidhlig airson 2015-2020 leis an atharrachadh a leanas: Air duilleag 130, bu chòir dha a ràdh 'Leasaich Coimisean nan Croitearan Poileasaidh Gàidhlig a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd ann an 2009', an àite '2002'.
-------------------	---

14 **AITHISG GHOIRID AIR TACHARTASAN FRITHEILTE LE COIMISEANAIREAN**

Coimiseanair Caimbeul – fhrithheil e coinneamh Buidheann Crois-Phàrtaidh ann an Dùn Èideann.

Iar-Neach-gairm Ceanadach – fhrithheil e agallamhan gabhaltais chroitean falamh ann an Cataibh.

Coimiseanair Sinclair – cha do fhrithheil coinneamhan sam bith ach fhuair i cuireadh gu Coinneamh Prògram ionadail Leader a fhrithealadh a bha gu bhith a' gabhail àite air 13 Cèitean, agus mar sin cha b' urrainn dhi a fhrithealadh. Dh'iarr an Coimisean tuilleadh fiosrachaidh a lorg mun Phrògram seo agus chuireadh e air adhart gu Coimiseanairean airson fiosrachadh dhaibh. Chomhairlicvh an t-Àrd-oifigear gum bi seo dèante.

Coimiseanair Dennis – fhrithheil Coinneamh Ro-Innleachd Cleachdadh Fearainn ann an Inbhir Nis agus coinneamh Liubhairt Shuidheachaidhean Fàbharach ann an Dùn Èideann.

15 **STIÙIREADH CHLÀRAN**

Chuir an Coimiseanair MacIllinnein am Pàipear air adhart anns a bheil ùr-fhiosrachadh don Bhòrd mu shuidheachadh làithreach Plana Stiùiridh Chlàran.

Tha gach nì ann an àm a thaobh a' Phlana agus tha trèanadh air-loidhne mu Stiùireadh Chlàran a dh'fheumas gach Coimiseanair a choileanadh. Leanaidh Ceannard IS air adhart leis an seo.

Feumaidh am Bòrd aonta a chur ri 'Gleidheadh Plana Chlàran' a mhìnicheas gu soilleir dè na clàran a dh'fhaodar a chumail agus dè an fheadhainn a dh'fhaodar a sgrìos, aig coinneamh a dh'aithghearr.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gus gèilleadh do reachdas, bidh buaidhean ghoireasan aig an raon obrach seo don Choimisean.

16 **CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH**

24 Ògmhios 2015 – Taigh a' Ghlinne Mhòir

17 GNOTHAICH DEATAMACH SAM BITH

- Chomhairlich Iar-Neach-gairm Ceanadach gun robh Siùsaidh Walker, mar Neach-gairm Coimisean na Croitearachd, na neach-labhairt don Choimisean agus mhol e don Choimisean an t-Àrd-oifigear fhadhadh mar an neach-labhairt ùr don Choimisean, agus Coimiseanair MacIllinnein mar an neach-labhairt Gàidhlig. Chaidh seo aontachadh.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir an t-Àrd-Oifigear fhadhadh mar neach-labhairt ùr a' Choimisein agus Coimiseanair MacIllinnein mar an neach-labhairt Gàidhlig.
-------------------	--

- Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir don Bhòrd sgrìobhadh gu an Neach-gairm a bh' ann, Siùsaidh Walker, a thoirt taing dhi airson na rinn i don Choimisean.
- Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir don Bhòrd sgrìobhadh gu Gòrdan Dòmhnallach agus Artair Dòmhnallach, buill den luchd-obrach a leig dhiubh an dreuchd tràth o chionn ghoirid, gus taing a thoirt dhaibh airson an cuid obrach don Choimisean.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir litrichean taing a dhol gu Siùsaidh Walker, Gòrdan Dòmhnallach agus Artair Dòmhnallach agus cuiridh an t-Àrd-Oifigear air dòigh gun tèid na litrichean sin ullachadh.
-------------------	--

18 TOIRMEASG AIR MEADHANAN AGUS POBALL

Thàinig a' choinneamh gu crìch aig 12:50f.